

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Bha Siud ann Reimhid

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,367. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 1,063 corresponds to Litir 1,367. The Litir is also available at www.bbc.co.uk/litir and www.learnghaelic.scot/litir. Ruairidh can be contacted at fios@learnghaelic.scot.

Thàinig leabhar Gàidhlig a-mach às ùr na bu tràithe dhen bhliadhna. 'S e an tiotal a th' air *Bha Siud ann Reimhid* agus chaidh fhoillseachadh an toiseach o chionn caogad bliadhna. 'S e Lisa Storey – a bhuineas do Bhatarsaigh – a rinn an leabhar. Tha e na chruinneachadh laghach de sgeulachdan traidiseanta à beul-aithris.

Thàinig mi tarsainn air an leabhar o chionn fhada. Cha robh mòran Gàidhlig agam aig an àm sin. Cha do thuig mi am facal 'Reimhid' ann an tiotal an leabhair. Chan eil e ann an Gàidhlig Shiorrachd Rois agus cha robh mi eòlach air. Thug mi sùil ann am faclair Dwelly, agus cha robh *reimhid* an sin nas motha. Agus, aig an àm sin, cha robh mi eòlach air Gàidhlig nan **Eilean mu Dheas** far a bheilear a' cleachdadh an fhacail.

Tha *reimhid* a' ciallachadh '*beforehand*'. Tha e stèidhichte air an fhacal *roimhe* 'before it', no mar a chanas cuid *reimhe*. Bhiodh seanchaidhean a' tòiseachadh sgeul mu sheann tachartasan le 'Bha siud ann reimhid'. Ann an dualchainntean eile, math dh'fhaodte gun canadh iad, 'Uair a bha siud' no 'Latha a bha seo' no 'Bha uaireigin bodach ann ...'

Bha Lisa Storey ag obair le Sgoil Eòlais na h-Alba nuair a bha i rudeigin òg agus 's ann on stòras aig an Sgoil Eòlais a tha a' chuid as motha de na stòiridhean anns an leabhar a' tighinn. Tha iad ann an Gàidhlig ghlàn, ghnàthasach le dealbhan snoga an siud 's an seo.

'S e tè de na sgeulachdan anns an leabhar Biorachan Beag agus Biorachan Mòr. Dh'inns mi dreach dhen sgeul fo ainm eile – Morachan is Mionachan – ann an Litrichean dà cheud, naochad 's a h-ochd (298) gu trì cheud (300).

Tha an sgeulachd a' dol tro shreath de dh'ainmhidhean is suidheachaidhean **mus ruigear an ceann-uidhe**. Tha Biorachan Mòr ag iarraidh slat a ghabhadh air Biorachan Beag gus nach itheadh e cus de na cnòthan. Ach chan e rud sìmplidh a th' ann slat a lorg! Carson nach leugh sibh an dreach glàn dhen sgeul ann an *Bha Siud ann Reimhid*?

Tha sgeul ainmeil eile anns an leabhar – 's e sin A' Ghobhar Ghlas. Tha e mu dheidhinn gobhar a dh'fhàgas a cuid mheann aig an taigh nuair a dh'fhalbhas i don chladach a dh'iarraidh maorach. Fhad 's a tha i air falbh, tha am madadh-ruadh a' tighinn. Agus ... uill ... chan inns mi dhuibh dè thachras!

'S e an rud a tha feumail do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig gu bheil dreachan de na sgeulachdan rin cluinntinn air làrach-lìn Thobar an Dualchais. Mar eisimpleir, anns an leabhar, tha dreach dhen sgeulachd thraidiseanta 'Plocach a' Ruamhaire agus Corra-Chriostag'.

Tha trì diofar dhreachan dhen sgeul seo ann an Tobar an Dualchais – air an innse le trì ùir dhiofar sgeulaichean à Uibhist. Agus ciamar a tha an sgeul a' tòiseachadh anns an leabhar? Tha le seo: 'Bha siud ann reimhid bodach'.

'S e an sgeul mu dheireadh anns an leabhar fear beag goirid ris an canar 'Coileach agus Sionnach'. Tha e a' tòiseachadh mar seo: 'Bha siud ann reimhid coileach spaideil ...'

Tha am madadh-ruadh ag innse don choileach gu bheil iad càirdeach do chèile. Tha an coileach rudeigin gòrach, agus tha e a' suidhe gu socrach ri taobh a' mhadaidh. Uill, tuigidh sibh nach robh an coileach glic sin a dhèanamh!

* * * * *

Faclan na Litreach: Bhatarsaigh: *Vatersay*; beul-aithris: *oral tradition*; Gàidhlig Shiorrachd Rois: *Ross-shire Gaelic*; Sgoil Eòlais na h-Alba: *The School of Scottish Studies*; A' Ghobhar Ghlas: *The Grey Goat*; coileach spaideil: *a smart-looking cockerel*.

Abairtean na Litreach: Thàinig leabhar Gàidhlig a-mach às ùr na bu tràithe dhen bhliadhna: *a Gaelic book was republished earlier this year*; chaidh fhoillseachadh an toiseach o chionn caogad bliadhna: *it was first published fifty years ago*; bhiodh seanchaidhean a' tòiseachadh sgeul: *storytellers would commence a story*; uair a bha siud: *once upon a time*; latha a bha seo: *one day*; bha uaireigin bodach ann: *there was at one time an old man*; 's ann an stòras aig an Sgoil Eòlais a tha a' chuid as motha de na stòiridhean a' tighinn: *it's from the archive of the School of (Scottish) Studies that most of the stories come*; ann an Gàidhlig ghlan, ghnàthasach le dealbhan snoga an siud 's an seo: *in rich, idiomatic Gaelic with attractive illustrations here and there*; tro shreath de dh'ainmhidhean is suidheachaidhean: *through a series of animals and situations*; tha X ag iarraidh slat a ghabhadh air Y gus nach itheadh e cus de na cnòthan: *X wants to take a rod to Y so that he won't too many of the nuts*; gobhar a dh'fhàgas a cuid mheann aig an taigh: *a goat that leaves her kids at the house*; nuair a dh'fhalbhas i don chladach a dh'iarraidh maorach: *when she goes to the shore to gather shellfish*; air an innse le trì ùir dhiofar sgeulaichean à Uibhist: *told by three different storytellers from Uist*; ag innse don choileach gu bheil iad càirdeach do chèile: *is telling the cockerel that they are related to each other*; nach robh an coileach glic sin a dhèanamh: *that the cockerel was not wise to do that*.

Puing-chànain na Litreach: cha robh mi eòlach air Gàidhlig nan Eilean mu Dheas far a bheilear a' cleachdadh an fhacail: *I wasn't familiar with the Gaelic of the Southern Isles where the word is used*. Na h-Eileanan mu Dheas ('the southerly isles') or Na h-Eileanan a Deas ('the south isles') is a term used to mean Uist and Barra, and associated smaller islands, which lie to the south of Lewis and Harris in the Outer Isles. I have used the traditional genitive plural form nan eilean 'of the islands' but you will also hear the nominative plural form used to express the genitive plural meaning.

Gnàthas-cainnt na Litreach: mus ruigear an ceann-uidhe: *until the end (destination) is reached*.

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le MG ALBA